

Tha Teàrlach MacAoidh a' beachdachadh air firinn agus breugan anns na meadhanan.

Nuair a leughas tu na naidheachdan ann am pàipear-naidheachd no air an eadar-lìon, am bi thu uair sam bith a' cur ceist air firinn nan aithisgean? An-diugh, tha e neo-àbhaisteach breugan a lorg anns na meadhanan. Tha dà adhbhar ann airson seo. Anns a' chiad àite, tha e furasta gu leòr dearbhadh ma chaidh breugan innse. Agus, anns an dàrna àite, thig peanas mòr air a' bhuidheann a chlà-bhuaile na breugan ma thèid an dearbhadh.

Bha cùisean gu math eadar-dhealaichte bho chionn ceud bliadhna aig àm a' Chiad Chogaidh. Chleachd Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte innleachd ris an canar propaganda gus nach biodh fios aig a' mhòr-shluagh air na bha a' tachairt air raointean a' bhlàir air tìr-mòr na Roinn Eòrpa. Chan fhaodadh na pàipearan-naidheachd clò-bhualadh ach na bha ceadaichte leis an riaghaltas. Bha diofar adhbharan airson seo.

Thuig an riaghaltas cho cudromach 's a bha e a bhith a' sealltainn gun robh e ceart dhan dùthaich a bhith an sàs anns a' chogadh. Bu tric a bha aithisgean a' nochdadh a bha ag innse cho borb 's a bha an nàmhaid. Cha robh e gu diofar an robh na cinn-naidheachd fìor no breugach. Mar eisimpleir, bha aithisgean ann gun robh arm na Gearmailt a' geàrradh làmhan chloinne dhiubh sa Bheilg. Bha aithisgean mar seo airson toirt air an t-sluagh creidsinn gun robh adhbhar moralta aig an Rìoghachd Aonaichte a bhith a' sabaid.

Bha cruaidh-fheum aig an dùthaich air tuilleadh shaighdearan agus bha propaganda air a chur gu feum gus barrachd dhiubh a thional. Dh'fheumadh na pàipearan dreach tarraingeach a chur air a' chogadh gus fireannaich a bhrosnachadh gus pàirt a ghabhail anns a' chogadh. Bha aig na pàipearan ri teachdaireachd a thoirt do mhuinntir na dùthcha: gur e adhbhar-pròis a bh' ann a bhith a' sabaid agus gum bu chòir do dh'fhireannaich a bhith a' toirt dìlseachd dhan dùthaich.

Bha an t-uabhas de shaighdearan na Rìoghachd Aonaichte gam marbhadh sa chogadh agus bha an t-eagal air an riaghaltas gum biodh muinntir na dùthcha air an dì-mhisneachadh nam biodh fios aca. Bha na pàipearan mar sin ag aithris air mar a bha an t-arm a' dèanamh deagh adhartas ach cha robh guth air na h-àireamhan mòra de shaighdearan Breatannach a bha air am bàs fhaighinn.

Dh'fheuch an riaghaltas ri na bha de dhroch naidheachdan mun chogadh a mhùchadh ann an dòighean eile cuideachd. Thigeadh na tràanaichean a bha làn shaighdearan leòinte 's iad a' cur feum air cobhair mheidigeach a-steach a Lunnainn anmoch air an oidhche no ann an uairean beaga na maidne. Bha seo gus dèanamh cinnteach nach biodh daoine cumanta an làthair gus seo fhaicinn.

Chan eil teagamh nach do rinn am propaganda seo feum mòr dha iomairt a' chogaidh. Gu dearbh, chanadh cuid de luchd-eachdraidh nach robh an Rìoghachd Aonaichte air a bhith soirbheachail mura b' e am propaganda. Ach an do rinn an riaghaltas gu ceart le bhith a' cleachdadh propaganda? Tha a' cheist sin gu math doirbh a freagairt.